



An Comunn Gàidhealach, Taigh a' Mhorair Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhal, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais HS1 2DD.  
[www.ancomunn.co.uk](http://www.ancomunn.co.uk) Fòn: 01851 703 487 Post-d: [marina@ancomunn.co.uk](mailto:marina@ancomunn.co.uk)

## Teachdaireachd bhon Àrd Oifigear

'S dòcha gu bheil e ro thràth fhastast airson beachdachadh air soirbhechas na Mòdan Ionadail a tha air gabhail àite, ach chun an seo, 's ann gu math misneachail a tha cùisean a' coimhead. Ghabh barrachd farpaisich páirt ann am Mòd Ionadail Inbhir Nis na riamh roimhe agus le àireamhan fallain a' tighinn a-mach anns an luchd eisteachd air feadh na dùthcha, 's e cùis air leth mhisneachail a th' ann. Tha beachdan bho feadhainn de na britheamhan cuideachd air iomradh a thoirt air an fheum a tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a' dèanamh.

Tha sinn air a bhith ag ùrachadh an làrach-lìn againn agus am bliadhna thàinig timcheall air tritheamh de na h-iarrasan airson Mòd na bliadhna seo a-steach tron làrach-lìn agus tha sinn an dòchas gun tig barrachd a-staigh anns an dòigh seo anns na bliadhnaichean ri teachd. Tha sinn cuideachd an dòchas, an ath bhliadhna, gun toir an siostam ùr seo cùisean air adhart bhon àm a bhios na h-iarrasan a' tighinn a-steach, gu ìre cur a-steach an phiosrachadh dhan a' phrògram. Aon uair 's a bhios sinn toilichte le mar a tha cùisean ag obrachadh, leudachaiddh sinn an siostam seo a-mach gu na Mòdan Ionadail. Gheibhear cuideachd cothrom ceòl fèin-thaghte a chur thugainn agus ceòl ainmichte a cheannachd agus a thoirt bhon làrach-lìn.

Tha sinn cuideachd an dòchas tro thìde, tasglann a Chomuinn a chuir ris an làrach-lìn, far am bidh rudan mar Geàrr-cunntais bho coinneamhan a chaith a chumail bliadhnaichan air ais ri fhaicinn agus iomadach rud eile. Bidh measgachadh de theipichean a th' ann an oifis Inbhir Nis cuideachd air an cur air.

Tha na h-àireamhan airson Mòd Phàislig 2013 mu thràth a' coimhead gu math fallain. Tha sinn air timcheall air 20 farpais a thoirt as no a chur còmhla as dèidh mar a tha àireamhean farpaisich air atharrachadh thairis air na Mòdan mu dheireadh. Tha ceithir farpaisean ùr ann cuideachd; airson pòbaireachd, bogsa agus seinn. Cuideachd am bliadhna, gabhaidh farpaisean L&T agus Mairead Dhonnchaidh àite còmhla.

Mu dheireadh, tha mi airson fàilte a chuir air na h-oileanaich a th' againn airson an t-samhradh: Christy NicIlleathain às a' Mhannachain agus Laura NicIlleathain às an Rubha ann an Leòdhais. Tha e na buannachd dhuinn oilleanaich a bhith ag obair comhla rinn gach samhradh agus tha sinn an dòchas gu bheil e a' còrdadh riutha fhèin a bhi còmhla rinn cuideachd.

Tha mi an dòchas gun còrd an samhradh ribh uile.

## Message from the Chief Executive

Perhaps it is too early in the year to start drawing conclusions from the first round of Provincial Mòds. However, the evidence so far this year is encouraging. Record entries in Inverness together with healthy attendances across the country is a cause for some optimism. Adjudicator feedback certainly supports the case for Gaelic Medium education.

We have started to invest in an upgrade to the Mòd entry system. A third of the entries this year came through the new system and it is hoped that in future years we will double, and then triple, the number of entries coming through this system. By next year we hope that this system will take the entry process seamlessly through to the programme database. Once we are satisfied that the system is completely robust we will then extend the system to the Provincial Mòds. Other features will include the ability to upload own choice music and also to download prescribed music.

Through time, as resources become available, we hope to add an archive section which could open the early minute books of An Comunn to a wider audience. The various reel to reel tapes of previous Mòds held in store in Inverness will hopefully become available as the site expands.

Our early analysis of entries for Mòd 2013 in Paisley has assured us that numbers are healthy. We have either removed, or merged, over twenty competitions from the programme. These changes have been driven by participation levels over the last few Mòds. Four new competitions appear in the programme: one piping; one accordion and two song competitions. Concurrent choral competition will also feature this year on the Friday afternoon. The Lovat & Tullibardine competition will run concurrently with the Margrat Duncan competition.

Finally, I should like to welcome two students: Christy Maclean from Beauly and Laura Maclean from Point, Lewis to our staff for the summer. We enjoy the input of our student employees each summer and we hope that they take equal enjoyment from being with us during the academic vacations.

I hope everyone has a nice summer break.



# An Comunn Gàidhealach



## Mòdan Ionadail *Provincial Mods*

<http://www.acgmod.org/localmods>

**Meal an naidheachd air gach farpaiseach a tha air pàirt a ghabhail anns na  
Mòdan Ionadail a tha air gabhail àite suas chun an seo!**

***Congratulations to all competitors who have competed in the Provincial Mods that have  
taken place so far!***

Mòd Ionadach na Dreoluinn  
*Mull*

13 & 14 Sultain / September  
Riona Whyte  
[rionawhyte551@gmail.com](mailto:rionawhyte551@gmail.com)

Taobh Siar Rois  
*Wester Ross*

20 Sultain / September  
Jackie Baker  
[jhigginsr@aol.com](mailto:jhigginsr@aol.com)

Dail Riata  
*Dalriada*  
21 Sultain / September  
Christine Johnston  
[christinejohnston66@sky.com](mailto:christinejohnston66@sky.com)

Iar-Dheas Rois  
*S W Ross*  
27 Sultain / September  
Barbara Smith  
[bi.smith@btopenworld.com](mailto:bi.smith@btopenworld.com)

Barraigh & Bhatarsaigh  
*Barra & Vatersay*  
27 & 28 Sultain / September  
Jane MacNeil  
[modbharraigh@aol.co.uk](mailto:modbharraigh@aol.co.uk)

# An Comunn Gàidhealach



## Cuir Pìosan Fèin-thaghte thugainn tron làrach-lìn

Ma chuir sibh a-steach airson farpaisean Mòd na bliadhna seo tron làrach-lìn againn, 's urrainn dhuibh na pìosan fèin-thaghte a chuir a-staigh tron làrach-lìn cuideachd. Tadhlaibh air an làrach againn agus thèid a-steach dhan chunntais agaibh tron cheangal gu h-iosal. An uairsin bruthaibh air 'Manage Submissions'. Bidh taghadh agaibh an uairsin òrain agus mar sin air adhart a chur thugainn tron a' chomputair agaibh.

<http://enter.acgmod.org.uk/>

Mur an do chuir sibh a-steach airson farpaisean na bliadhna seo air-loidhne, feumar an cuir thugainn air post-d gu [rena@ancomunn.co.uk](mailto:rena@ancomunn.co.uk)

## FEUMAR AN CUIR THUGAINN RON 30<sup>MH</sup> ÒGMHIOS

## Latha Measaidhean an Glaschu

Thèid latha measaidhean a chumail ann an Oilthigh Ghlaschu air Disathairne an 6mh den Iuchar.

Ma tha sibh airson cairt Gàidhlig fhaighinn cuiribh fios gu Seumas Greumach aig: [james@ancomunn.co.uk](mailto:james@ancomunn.co.uk) no cuiribh fòn thuige air 01463 709 705.

Bidh cothroman eile ann ron a' Mhòd agus thairis air seachdain a' Mhòd cuideachd mur am faigh sibh ann air an latha seo.

## Dreach Prògram air loidhne

Tha dreach de phrògram Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo a-nise ri fhaighinn air an làrach-lìn againn. Gheibhear e tron cheangal gu h-iosal:

<http://www.acgmod.org/nationalmod/moddetail/draft-mod-programme/ga>

Cuimhnichibh nach eil ann ach dreach aig an iùre seo, mar sin, dh' fhaodadh gun tèid atharrachaidhean a dhèanamh ris. Bidh Prògram oifigeil a' Mhòd ri fhaighinn nas fhaisg air an àm.

## Submit Own Choice Pieces Via Website

If you have entered for this year's competitions via our website you can also submit your own choice pieces in the same way. Sign in to your account by clicking on the link below, and then go to 'Manage Submissions'. You will then be given the option to upload your file(s) and to submit them.

<http://enter.acgmod.org.uk/>

If you did not enter for competitions online, you will have to either post your pieces (3 copies please) to: Mod Administrator, An Comunn Gàidhealach, Balnain House, 40 Huntly Street, Inverness, IV3 5HR or email them to [rena@ancomunn.co.uk](mailto:rena@ancomunn.co.uk)

**ALL OWN CHOICE PIECES MUST BE RECEIVED BY 30<sup>TH</sup> JUNE.**

## Gaelic Testing Day in Glasgow

A Gaelic testing day will be held in Glasgow on Saturday 6<sup>th</sup> July at Glasgow University.

If you wish to sit a Gaelic test on this day please get in touch with James Graham in order to arrange appointments. Email: [james@ancomunn.co.uk](mailto:james@ancomunn.co.uk). Tel: 01463 709705.

Please note, there will be further opportunities throughout the year for testing.

## Draft Programme Now Online

A draft programme for this year's Royal National Mod is now available on our website. Follow the link below to view the draft:

<http://www.acgmod.org/nationalmod/moddetail/draft-mod-programme>

Please be aware that some of the information may be subject to change and the official Mod Programme will be available nearer the time.

# An Comunn Gàidhealach



## Farpaisean Dannsa Gàidhealach

Thèid farpaisean Dannsa Gàidhealach a chumail air  
**Diardaoin an 17mh den Dàmhair.**

Gheibhear foirmean airson farpaisean Dannsa Gàidhealach aig  
[www.toeandheel.com](http://www.toeandheel.com)  
no cuiribh fios gu  
[gmitchelson@blueyonder.co.uk](mailto:gmitchelson@blueyonder.co.uk).

## Highland Dancing Competitions

*This year's Highland Dancing competitions will take place on  
**Thursday 17<sup>th</sup> October.***

*You can download entry forms for these competitions from  
[www.toeandheel.com](http://www.toeandheel.com)  
or alternatively email  
[gmitchelson@blueyonder.co.uk](mailto:gmitchelson@blueyonder.co.uk).*

## Club 400 Inbhir Nis

Duaisean airson Club 400 na mios seo:

£250 Iain MacRury, Inbhir Nis

£100 Roy Pederson, Inbhir Nis

£50 Emma NicLeòid, Inbhir Nis

## Inverness 400 Club

*The winners in this month's draw for the 400 club are:*

£250 John MacRury, Inverness

£100 Roy Pedersen, Inverness

£50 Emma MacLeod, Inverness

## Mòd Phàislig

Am biodh sibh deònach ar cuideachadh aig Mòd Phàislig?  
Dè mu dheidhinn ar cuideachadh le stiùbhardachd aig aon de  
na tallaichean againn? Ma tha ùidh agaibh, cuiribh fios  
thugainn!

[twitter - @ModPhaislig2013](#)  
[facebook - modphaislig2013](#)

Email - [modphaislig2013@yahoo.co.uk](mailto:modphaislig2013@yahoo.co.uk)  
call - 07535 514 385



## Paisley Mod

*Would you like to be part of Mòd Phàislig? How about  
stewarding at one of our venues during Mòd week? If you are  
interested send us a message us and we'll get in touch!*

[twitter - @ModPhaislig2013](#)  
[facebook - modphaislig2013](#)

Email - [modphaislig2013@yahoo.co.uk](mailto:modphaislig2013@yahoo.co.uk)  
call - 07535 514 385



## Cinn-là Cudthromach!

Dihaoine 12 Iuchar – Foirmean Iarrtas Piobaireachd

31 Iuchar – Ceann-là **UR** airson duaisean a thilleadh

Riaghailtean aig:

<http://www.acgmod.org/nationalmod/rules>

## Dates for your Diaries!

Friday 12<sup>th</sup> July – Piping Entry Forms

31 July – **NEW** Trophy Return Deadline

Please see Rules at:

<http://www.acgmod.org/nationalmod/rules>



# An Comunn Gàidhealach

## Mòd Ionadail Chataibh is Ghallaibh

Fhuair Mòd Ionadail Chataibh is Ghallaibh deagh latha. Thàinig iad as gach ceàrn de Chataibh is ceann a tuath Ghallaibh dhan Bhlàran Odhar. Bha an sgoil a' cur thairis le daoine fad an latha.

Tharraing farpaisean na cloinne mòran, cha robh suidheachan ri fhaighinn ann an talla na sgoile far an robh na farpaisean sin. Bha an sgoil air a sgeadachadh gu snasail leis a' chloinn is na tidsorean. Chòrd seo gu mòr ri na bha an làthair. Bha e gu math follaiseach cho soirbheachail is a tha obair na Fèisean agus obair na Bun-sgoiltean Gàidhlig san sgìre.

Fhuair Rona Nic Leòid, Drochaid a' Bhanna, agus a bràthair Donnchadh priomh dhuaisean na cloinne. 'S e Bun-sgoil Mhealabhaich a bhuanach duais nan còisirean òigrigh agus chaidh Cupan Diùc is Bana-dhiùc Chataibh gu Còisir Ghàidhlig na Luirg.

Bha deagh chonsairt ann feasgar le Rona Lightfoot, Kathleen Boyle is Seumas Greumach, a' toirt taic don chloinn a bhuanach tron latha.

Tha a' chomataidh mothachail air an taic a tha iad a' faighinn bho Roinn na Gàidhealtachd, bho Bhòrd na Gàidhlig, Fèisean nan Gàidheal is An Comunn Gàidhealach.

<http://www.acgmod.org/localmods/detail/sutherland-caithness/ga>



Rona NicLeòid

Còmhlan Ghoillspidh

## Sutherland and Caithness Provincial Mod

*The sun shone, the children sang and the pipers played – they came from Easter Ross, East and Central Sutherland and Caithness to Bettyhill. Senior and Primary staff and pupils at Farr High School had transformed the school into a very welcoming venue for performers and visitors alike.*

*This year's Provincial Mod saw entries well up on previous years particularly in the instrumental sections. Newly introduced into the syllabus was a Cròileagan section with entries from Bettyhill and Thurso. The positive influence of Gaelic Medium schools and the Feisean movement was, as always, very apparent.*

*Rona Macleod of Bonar Bridge was the Junior star performer of the day closely followed by her brother Duncan. Melvich Primary school choir won the junior choral event and Lairg Gaelic Choir the main senior choral, taking home the Duke and Duchess of Sutherland Challenge Cup.*

*Musical entertainment was provided at Strathy Hall in the evening, starring Rona Lightfoot, Kathleen Boyle and James Graham along with the day's prizewinners*

*The committee acknowledge the support they receive from The Highland Council, Bòrd na Gàidhlig, Fèisean nan Gàidheal and An Comunn Gàidhealach.*



Cròileagan Inbhir Theòrsa

Erin Cook



# An Comunn Gàidhealach



## Mòd Ionadail Leòdhais

'B e Mòd Ionadail shoirbheachail eile a chaidh a chumail ann an Leòdhais am bliadhna eadar an 4mh agus 7mh den Ògmhios. Bha Comunn Gàidhealach Leòdhais air leth toilichte leis cho math's a chaidh am Mòd agus cho toilichte agus moiteil leis an obair a tha a' dol air adhart anns na sgoiltean agus na coimhairsnachdan.

Chaidh duais ùr a thoirt seachad mar chuimhne Innis MacLeod às Siaboist, Leòdhais. Chaochail Innis ann 2007 aig aois 30. Bhuanach e Bonn Òrr a' Chomuinn aig Mòd Dùn Omhain ann an 2000. Chaidh an duais ùr a thoirt seachad le phàrantan, Rhoda agus Niall Macleoid, airson seinn traidseanta anns an Àrd-Sgoil. 'Se Mairi Nicllinnein bhon a' Bhac a bhuanach an duais àlainn seo airson a' chiad uair.

Tha Comunn Gàidhealach Leòdhais airson taing mhòr a thoirt dhan a h-uile duine a bha an sàs ann am Mòd na bliadhna seo - na pàrantan, tidsearan, britheamhan, cathraichean, stiubhardan agus luchd-obrach nan tallaichean agus gu h-àraidi a' chlann a tha ag obair cho cruaidh gach bliadhna airson a' Mhòd Ionadail.

Chì sinn an ath bhliadhna sibh!



*Some of the choirs who took part in the P1-4 Performance event*



**Mairi MacLennan with Rhoda & Neil Macleod  
Secondary Traditional Winner**

## Lewis Provincial Mod

*It was another successful Provincial Mod in Lewis this year which took place between the 4<sup>th</sup> and 7<sup>th</sup> of June in Stornoway. Comunn Gàidhealach Leòdhais are once again delighted with the success of this year's Mod and are extremely proud and grateful for all the hard work that is going on in the schools and communities with the children.*

*A new trophy was presented this year in memory of Innis Macleod from Shawbost, Lewis. Innis passed away in 2007 at the age of 30. He won the An Comunn Gàidhealach Gold Medal at the Dunoon Mod in 2000. His parents Rhoda and Neil presented the trophy for Secondary Traditional Singing. Mairi MacLennan from Back was the first to win the beautiful trophy.*

*Comunn Gàidhealach Leòdhais would like to thank all those who contributed to the organising and running of the event, including the parents, teachers, adjudicators, chairpersons, stewards and also the staff at all the venues but especially the children who make all the effort worthwhile."*

*See you all next year!*



**Koren Pickering  
Silver Pendant Winner**



**Steven Drummond  
Winner of Duais na Comhairle**

# An Comunn Gàidhealach



## Mòd Ionadail Ìle

Chaidh tàlantan ìle a thaisbeanadh aig Mòd Ionadail ìle a chaidh a chumail air Disathairne an 8mh den t-Ògmhios ann an Àrd Sgoil ìle. Bha an aimsir dìreach sgoinneil ach bha an ceòl agus na h-òrain a bha ri chluinntinn a-staigh nas fheàrr buileach. Bha na h-àireamhan airson farpaisean òigridh an àird a-rithist am bliadhna agus chaidh fàilte chridheil air na farpaisich a thainig às tir-mòr Earraghàidheal, mar Còisir Òg Dhail Riata.

Tha Mòd ìle air sìor fhàs anns na bliadhnaichean a chaidh seachad agus tha 62 farpais ann, a' gabhail a-steach na farpaisean ùr ann an ceòl mar fidheal, clàrsach, feadan, bogsa, piobaireachd, agus ceòl piana.

Chaidh dà dhuais ùr a thoirt seachad aig Mòd na bliadhna seo, mar chuimhneachan air Raibeart Forrest, a bhàsaich sa' Ghearran an-uirdh. Choisinn Raibert bonn-òrr a' Chomuinn agus 's ann gu math duilich a bha sinn uile cluinntinn mun a' bhàs. 'Se Còisir Ghàidhlig ìle a thug seachad Sgiath Raibeart Forrest. Bha Raibeart fhèin na bhall den Chòisir agus 'b e an neach-teagast Gàidhlig a bh' aca. Bha an duais seo airson soirbheachas ann an Gàidhlig agus 's e Hannah Niclliosa agus Eilidh Nic a' Mhaoilein a fhuair e am bliadhna. 'S ann airson seinn aon neach a tha an duais eile agus thug Belle, banstrach Raibeart, seachad an duais seo dha Fergus Muir aig a' chonsairt.



## Islay Provincial Mod

*On Saturday, 8<sup>th</sup> June, it was Islay's turn to showcase local talent at the Islay Provincial Mòd held in Islay High School. The weather was glorious outside but the quality of music and song inside the High School was even better. There was again this year, a marked increase in the number of junior competitors taking part in Mòd Ìle and there was a warm welcome for competitors from mainland Argyll who included members of Còisir Òg Dhailriata.*

*The Islay Mòd has grown considerably over the last few years and now extends to 62 competitions with the recent expansion in the instrumental section to include fiddle, clàrsach, tin whistle, accordion and piping as well as chanter and piano.*

*This year saw the appearance of two new trophies donated in memory of Mòd gold medallist Robert Forrest whose death in February last year saddened us all. Sgiath Raibeart Forrest was given by Còisir Ghàidhlig Ìle where Robert was a valued member and Gaelic tutor. This trophy is awarded for endeavour in Gaelic and the first recipients were Hannah Gillies and Eilidh MacMillan. The other trophy is a quaich for solo singing and was presented to Fergus Muir by Robert's widow Belle at the evening concert.*



**Feadhainn de na farpaisich a bhuannaich aig Mòd Ionadail Ìle.**

*A selection of prize-winners from the Islay Provincial Mod*

# An Comunn Gàidhealach



## Mod Ionadail Inbhir Nis

Chaidh Mòd Ionadail Inbhir Nis a chumail air an 21mh agus an 22mh den t-Ògmhios 2013.

B' e Mòd air leth shoirbheachail a bh' ann le barrachd a' cuir a-staigh airson farpaisean Mòd na bliadhna na rìamh roimhe seo. Tha Comataidh a' Mhòd Ionadail toilichte leis na h-àireamhan agus leis cho math 's a chaidh am Mòd.

Gheibhear fiosrachadh mu dheidhinn na farpaisich a bhuannaich aig Mòd Ionadail na bliadhna seo aig:

<http://www.acgmod.org/localmods/detail/inverness/ga>

Gheibhearr tuilleadh fiosrachadh mu dheidhinn Mòd Ionadail agus Meur Inbhir Nis aig:

<https://www.facebook.com/meur.nis>

## Inverness Provincial Mod

The Inverness Provincial Mod took place on the 21<sup>st</sup> and 22<sup>nd</sup> of June 2013.

It was a highly successful Mod with a record number of entries. The organising Committee were delighted with the number of entries and with the success of this year's Mod.

Results from this year's Provincial Mod can be found by clicking on the following link:

<http://www.acgmod.org/localmods/detail/inverness>

You can find also out more about the Inverness Provincial Mod or get involved at:

<https://www.facebook.com/meur.nis>



# AM MÒD NÀISEANTA RIOGHAIL



## Ceitidh Anna NicLeòid (NicIlleathain)

Chomharraich te a bhuanach Bonn Òrr a' Chomuinn ann an 1938 cò là breith gu math sònraichte bho chionn ghoirid – bha Ceitidh Anna NicLeòid 100 bliadhna air an 18mh den t-Ògmhios.

Rugadh Ceitidh Anna NicIlleathain, à Ceann a Deas Bhràgair air 18 Ògmhios, 1913. Bha i air mhuinntireas ann an Glaschu nuair a choisinn i Bonn Òrr a' Chomuinn ann an 1938. B' e seo am Mòd mu dheireadh a chaidh a chumail gu as dèidh a chogadh. Cha deach Bonn Òrr a thoirt do dhuine as dèidh sin gu 1946.

*Chìtheart gu h-iosal dealbhan de Cheitidh Anna nuair a choisinn i am Bonn Òrr agus dealbhan a chaidh a thogail dhith air a cò là breith. Chaith Amy NicAmhlaigh agus Peigi NicIlinnein a chèilidh oirre air a cò là breith airson sitheann a thoirt dhith as leth a' Chomuinn Ghàidhealaich agus Comunn Gàidhealach Leòdhais. Mealaibh ur naidheachd!*



Ceitidh Anna nuair a choisinn i Bonn Òrr a' Chomuinn ann an 1938

*Katie Anne when she won her Gold Medal in 1938*



Tha an dealbh seo air a chrochadh air a' bhalla anns an rùm aig Ceitidh Anna an Dun Berisay

*The picture above hangs in Katie Anne's room in the Dun Berisay Care Home*

Ceitidh Anna leis an telegram bhon a' Bhàin Righ agus flùraichean bhon a' Chomunn.

*Left - Katie Anne with her telegram from the Queen and the flowers from ACG & CGL*

## Katie Anne Macleod (MacLean)

*One of An Comunn Gàidhealach's former Gold Medallists celebrated a very special birthday recently – Katie Anne Macleod turned 100 on the 18<sup>th</sup> of June.*

*Katie Anne, from South Bragar in Lewis, was born on the 18<sup>th</sup> of June 1913. She won the An Comunn Gàidhealach Gold Medal at the Glasgow Mod in 1938. This was the last Mod to take place until after the war. The next Gold Medal to be presented was in 1946.*

*Below is a selection of photographs taken of Katie Anne at the time of her winning her Gold Medal and on her 100<sup>th</sup> birthday. Amy Macaulay and Peigi MacLennan went to visit Katie Anne on her birthday and presented her with a bouquet of flowers on behalf of An Comunn Gàidhealach and Comunn Gàidhealach Leòdhais. Congratulations!*



Ceitidh Anna aig 100 bliadhna a dh' aois! Chìtheart san dealbh gu bheil Bonn Òrr a' Chomuinn air Ceitidh Anna – bha i airson a chuir oirre air an latha mòr seo!

*Katie Anne at 100! You can see in the photograph above that Katie Anne is wearing her Gold Medal – she wanted to wear it on her big day!*



# An Comunn Gàidhealach



## MÒD IONADAIL BHARRAIGH IS BHATARSAIGH

### *BARRA & VATER SAY PROVINCIAL MÒD*

Di-haoine 27mh latha de'n t-Sultain 2013  
Di-Sathuirne 28mh latha de'n t-Sultain 2013

*Friday 27th September 2013  
Saturday 28th September 2013*

*Syllabus available for download on*

<http://acgmod.org/localmods/detail/barra>

*Closing date for all entries is Friday 30<sup>th</sup> August 2012*

For further details or if you can help in any way  
please contact [modbharraigh@aol.com](mailto:modbharraigh@aol.com)

# An Comunn Gàidhealach



## Cuirm Rìoghail shònraichte gus meal-a-naidheachd a chur air Sabhal Mòr Ostaig OGE

Chaidh cuirm-fàilteachaidh shònraichte a chumail ann an Lùcháirt Holyrood ann an Dùn Èideann an t-seachdain sa chaidh far an tāníg a Mhòrachd Rìoghail am Prionnsa Teàrlach, neo Diùc Baile Bhòid mar as ainm dha ann an Alba, agus luchd-obrach is càirdean Sabhal Mòr Ostaig OGE cruinn còmhla gus an 40mh ceann-bliadhna aig a' cholais a chomharrachadh.

Tha an Diùc air a bhith na Neach-taice don cholais fad 28 bliadhna agus thug e cuireadh do Shabhal Mòr Ostaig agus aoighean sònraichte eile a thighinn gu Lùcháirt Holyrood airson na bliadhna eachdraidheil seo don Cholais a chomharrachadh. Am measg nan daoine a bha an làthair, bha Rùnaire an Fhoghlaim Mìcheal Russell bho Riaghaltas na h-Alba, Cathraiche Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, John McClelland agus Lucilla, banntrach Sir Iain Noble, fear a bha gu mòr air cùl stèidheachadh nacolaiste. Rinn an Diùc moladh air obair an t-Sabhal Mhòir agus chuir e meal-a-naidheachd air a' Cholais a gach neach a bha an sàs ann an soirbheachadh an ionaid fhoghlaim Ghàidhlig.

A' bruidhinn às dèidh làimh, thuirt Prionnsapal Sabhal Mòr Ostaig, an t-Ollamh Boyd Robasdan: "Tha mòran chruinnichidhean is thachartasan againn tron bhliadhna airson 40mh bliadhna na Colaiste a chomharrachadh ach bha am fear seo buileach sònraichte. Bhuilich a Mhòrachd Rìoghail urram mòr air an t-Sabhal le bhith a' cur cuirm dhe leithid air dòigh ann an ionad cho eachdraidheil agus cho eireachdail agus chuir e an cèill na òraid an spèis a th'aige dhan obair a tha a' Cholais a' dèanamh às leth a' chànan. Bhruiddhinn an Diùc ris gach neach a bha air aoigheachd agus nochd e ùidh anns na ceanglaichean a bh' aca ris an t-Sabhal."

Thuirt Donaidh Rothach, An Stiùiriche aig Sabhal Mòr Ostaig airson Leasachadh, Tional-airgid agus nan Ealain: "Tha Sabhal Mòr Ostaig air clach-mhìle shònraichte a ruighinn nar n-eachdraidh agus bha an Diùc mar Neach-taice dhan cholais gu mòr airson sin a chomharrachadh còmhla rinn. Tha e air a bhith air leth taiceil dha Sabhal Mòr Ostaig fad iomadach bliadhna agus tha dealas aige airson mion-chànanan bho air feadh an t-saoghal agus airson an obair a tha ga dhèanamh gus an gleidheadh, an neartachadh agus an leasachadh. Bidh an Diùc a' faighinn fiosrachadh gu cunbalach air an adhartas a bhios sinn a' dèanamh agus tha sinn gu mòr na chomain airson an ùidh a th' aige nar n-obair agus an taic a bhios e a' toirt dhuinn."



His Royal Highness, The Prince of Wales, known as The Duke of Rothesay in Scotland, hosted a reception at Holyrood Palace in Edinburgh recently to mark the 40th anniversary of the Gaelic college and National Centre for Gaelic Language and Culture, Sabhal Mòr Ostaig UHI. The Duke was joined by staff, friends and associates of the college for the special occasion.

The Duke has been the college's Patron for 28 years and he invited Sabhal Mòr Ostaig and a number of special guests to join him in commemorating this historic milestone for the college. Those present included the Education Secretary Michael Russell, John McClelland, Chair of the Scottish Funding Council and Lucilla Noble, widow of Sir Iain Noble who was instrumental in the founding of this unique education facility. The Duke paid tribute to the work of Sabhal Mòr Ostaig and commended the college and all those involved in its success over the years as a dedicated centre of Gaelic learning and culture.

Speaking afterwards, the college's Principal, Professor Boyd Robertson, said: "A number of events are being held this year to mark the 40th anniversary of the College but this one was rather special. His Royal Highness bestowed great honour on Sabhal Mòr by hosting a reception in such a historical and splendid setting and he conveyed in his speech his admiration for the work undertaken by the College on behalf of the language and culture. The Duke spoke to each invited guest and showed keen interest in their associations with the College."

Sabhal Mòr Ostaig's Director of Development, Fundraising and the Arts, Donnie Munro, said: "This is clearly a very special year in the history of Sabhal Mòr Ostaig and one which the Duke, as Sabhal Mor's Patron, was extremely keen to recognise in this way. Over many years now, he has been a very staunch supporter of the work of Sabhal Mòr and has been a passionate advocate for the importance of maintaining, strengthening and developing minority languages and cultures throughout the world. The Duke receives regular up-dates on our progress and his on-going interest and support is deeply appreciated."



# An Comunn Gàidhealach



*Tasglann a' Chomuinn... / From the archives...*

AN COMUNN GAIDHEALACH  
Patron—Her Majesty The Queen

Programme  
OF THE  
SIXTIETH  
ANNUAL MOD

The Valley of the Tay from Kinnoull Hill, Perth  
Photograph by J. B. White, Ltd., Dundee

PERTH  
1st to 4th October, 1963

PRICE - - - TWO SHILLINGS

AN COMUNN GAIDHEALACH  
Patron—Her Majesty The Queen

**PROGRAMME of the  
SIXTIETH ANNUAL MOD**  
*Under the Patronage of the Lord Provost, Magistrates and the Town Council of the City of Perth.*

MOD LOCAL COMMITTEE OFFICE-BEARERS.  
Convenor—RODERICK MACKINNON, M.A.  
Vice-Convenors—Rev. RONALD ROBERTSON, B.D., A. MUNRO, and IAN MACLEISH.  
Hon. Secretary—J. T. DOUGLAS, 11 High Street, Perth.  
Hon. Treasurer—A. M. CUMMING.

GAELOC SERVICE (Broadcast) in ST. JOHN'S KIRK on SUNDAY, 29th SEPTEMBER, at 4.15 p.m. Preacher—Rev. MURDO MACDONALD. Readers—Mr. DONALD THOMSON, M.A., F.E.S., and Mr. RODERICK MACKINNON, M.A. Pencitor—Mr. ARTHUR MCLEAN.

OFFICIAL OPENING of the MOD in the CITY HALL on MONDAY, 30th SEPTEMBER at 7.30 p.m.  
COMPETITIONS commence Daily at 9 a.m. prompt.  
Admission to Competition Sessions:  
Thursday Morning Session, 2/-; Lovat and Tullibardine, 2/-; Other Sessions, 1/-.  
Tickets are not available in advance.

ART AND INDUSTRY EXHIBITION in VALENTINE'S SHOWROOM.  
Admission, 1/-

JUNIOR CONCERT on TUESDAY, 1st OCTOBER, in the CITY HALL, at 7.30 p.m.  
Presiding—LACHLAN B. YOUNG, Esq., M.A., LL.B., Ed.B., Director of Education.  
Admission, 5/- Reserved; 3/6 and 2/6 Unreserved.

CEILIDHEAN on WEDNESDAY, 2nd OCTOBER in YORK HOUSE, at 8 p.m.  
Pir-an-tigh—EIGAIRIDH MACPHIONGHUIN, M.A. agus COINNEACH PEUTAN.  
Admission, 5/- Unreserved.

RURAL CHOIRS' CONCERT on THURSDAY, 3rd OCTOBER, in the CITY HALL, at 7.30 p.m.  
Presiding—LORD PROVOST OF THE CITY OF PERTH.  
Admission, 6/- Reserved; 4/- and 3/- Unreserved.

GRAND CONCERTS on FRIDAY, 4th OCTOBER in the CITY HALL  
First Concert, 6.30 p.m.  
Presiding—MAJOR-GENERAL D. B. LANG, D.S.O., M.C.  
Second Concert, 8.30 p.m.  
Presiding—THE EARL OF MANSFIELD.  
Admission, 7/6 and 6/- Reserved; 4/- and 3/- Unreserved.

MOD BALL in the STATION HOTEL on FRIDAY, 4th OCTOBER, 9 p.m. to 2 a.m.  
Jimmy Shand's Band. Ticket, £1 1/- including Buffet.

MOD DANCE in the COUNTY BUILDINGS on FRIDAY, 4th OCTOBER, 9 p.m. to 2 a.m.  
Ian Powrie's Band. Stiletto heels not allowed. Ticket, 7/6

Criomagan bho Prògram a' Mhòid, 1963. Tha e inntinneach leughadh tro seann phrògraman agus irisean – chìtheart cho mòr 's a tha am Mòd air fàs agus mar a tha na tachartasan air atharrachadh thairis air na bliadhnaichean. 'S math nach eil riaghailtean ann mu dheidhinn 'stillettos' a-nis!  
*An excerpt from the 1963 Mod Programme. It's interesting reading through old Mod programmes and articles – the Mod has expanded and changed in so many ways. Luckily the rules against stiletto heels no longer apply though!*

A bheil dealbhan agaibh fhèin a tha sibh a smaoineachadh a bhiodh na ùidh do luchd-leughaidh a chuairt-litir seo? 'S dòcha nach eil sibh cinnteach cò th' anns na dealbhan ach dh' fhaodadh gu bheil fios aig cuideigin. Ma tha nach cuir sibh thugainn iad. Ma tha gin agaibh, cuiribh fios gu [marina@ancomunn.co.uk](mailto:marina@ancomunn.co.uk)

*Do you have any photographs you think may be of interest to our readers? Perhaps you are unsure who is in the photographs but some of our readers may be able to help. If you have any you would like us to publish in a future edition, please contact [marina@ancomunn.co.uk](mailto:marina@ancomunn.co.uk)*

# An Comunn Gàidhealach



The Clarsach Society – Comunn na Clàrsach

invites submissions for the 2013

## Young Composer Award

Composers aged between 16 & 25 years of age are invited to present an original piece of music lasting no longer than 15, and no less than 10 minutes, suitable for:

- a) Solo Clarsach/Non-pedal harp
- b) Clarsach/Non-pedal harp and up to 3 other instruments and/or voices

## Award

**£500 plus a premier performance at the  
33rd Edinburgh International Harp Festival in 2014**

*The Clarsach Society is most grateful to the Imlay Foundation,  
whose generous donation is supporting this Award.*

### Competition Rules:

- 1) All entries must be received by 5pm on the closing date of Friday, November 29th 2013.
- 2) All entries should be posted to **Michelle Kelly, The Clarsach Society, Studio G43, Out of the Blue Drill Hall, 36 Dalmeny Street, Edinburgh, EH6 8RG**. No MP3s or PDFs shall be accepted via email.
- 3) The work must be the unaided work of the entrant and be an original composition.
- 4) A full score in manuscript format, plus recording of the composition in CD format must be submitted together. The recording must match the manuscript.
- 5) A separate page with the composer's name, address and date of birth should be submitted with the manuscript and CD. If available, a phone number and/or email address should be provided. The composer's name should not be written at any point on the manuscript or CD.
- 6) Entrants under 18 year of age must have permission to enter the competition. A parent or guardian must sign and print their name on the aforementioned page with the composer's name and address.
- 7) The successful entrant must also be willing to write a short report on winning the award for publication in the Society's Annual Report.
- 8) The copyright of the music shall remain with the composer.
- 9) Neither manuscripts nor recordings will be returned.
- 10) The cost of the premier performance only will be met by Edinburgh International Harp Festival.
- 11) The composer must be available to perform their composition at the Edinburgh International Harp Festival on Wednesday, 9 April 2014
- 12) In the case of a non-harpist submitting a work, it is the composer's responsibility to find the artist(s) to perform the work at the premiere performance on Wednesday, 9 April 2014 at the Edinburgh International Harp Festival.
- 13) The judges' decision shall be final.

# An Comunn Gàidhealach



CURSA SAMHRAIDH 2013: Ionad Spectrum, Inbhir Nis

## CLÀRADH / REGISTRATION

Ainm ..... Name  
Seòladh ..... Address  
  
Fòn ..... Phone  
Post-d. ..... Email  
Aireamh ILA ..... ILA No.  
Eòlas air a' Ghàidhlig / Knowledge of Gaelic

*Feumaidh oileanaich a bhith clàraichte ro thoiseach a' chùrsa  
Students must be registered before the start of the course*

## COSGAICHEAN / COSTS

Pris a' chùrsa / Course price: £65 (seic / cheque: 'Cli Gàidhlig')

**Cli Gàidhlig**  
1/4 Taigh Rèile na Gàidhealtachd  
Sràid na h-Acadamaidh  
Inbhir Nis  
IV1 1LE

**Cli Gàidhlig**  
1/4 Highland Rail House  
Academy Street  
Inverness  
IV1 1LE



## CURSA CÒMHRAIDH Conversation Course

A' tòiseachadh / Starting:  
**Diluain 1 An t-luchar 2013**  
**Monday 1 July 2013**

## Luchd-tòiseachaidh adhartach Post-beginners

Àite	Venue
Ionad Spectrum Inbhir Nis	Spectrum Centre Inverness

Scottish charity no. 008025      © Company no. 105125

This informal Gaelic conversation class is aimed at post-beginners who wish to strength their language skills. The materials are particularly suitable for students who have attended *CLiS* beginners lessons 1-10, but all students are very welcome to attend.

Date: 1, 15, 22 July & 12, 19, 26 August (six weeks)  
Time: 7 - 9pm  
Price: £65

For more information please contact Seonag  
seonag@cli.org.uk      01463 - 226757

**Closing date: Thursday 27th June 2013**  
*\* Insufficient numbers will result in course cancellation \**

Individual Learning Accounts (ILA) from Skills Development Scotland  
*Individual Learning Accounts from Skills Development Scotland can be spent on Cli Gàidhlig's courses. To find out more call the free helpline or visit the website.*

0808 100 1090      www.myworldofwork.co.uk/section/funding

**CLIÙ CLÌ**  
Cli Gàidhlig offers a package of grant support for adults who are new to Gaelic learning. Support may be offered towards direct expenses incurred in the following areas - support for people ineligible for ILA funding, childcare, travel, accommodation, and added costs incurred because of mobility/disability problems. Applicants will be new to Gaelic learning, or lapsed elementary learners who wish to progress in their learning and use of the language.

01463 - 226757      www.cli.org.uk

Cli Gàidhlig reserve the right to cancel any class/course in circumstances beyond its control. A full refund will be made to students in these exceptional cases. No other refund will be made if the student fails to attend a pre-paid class/course except at the discretion of the Director of Cli Gàidhlig. A full copy of our cancellation and refund policy is available on request.

Tha an cursa còmhraidih neo-fhoirmeil seo freagarrach do luchd-tòiseachaidh adhartach a bu mhian an sgilean càin a neartachadh. Bidh stuthan a' chùrsa gu h-àraidiomachd do dh'oileanaich a rinn leasanan 1-10 de *CLiS* do luchd-tòiseachaidh, ach tha fàilte bhlàth ron a h-uile oileanach.

Latha: 1, 15, 22 An t-luchar & 12, 19, 26 An Lùnastal (sia seachdainean)  
Uair: 7 - 9f  
Pris: £65

Airson barrachd fiosrachaidh curiibh fios gu Seonag  
seonag@cli.org.uk      01463 - 226757

**Ceann-latha: Diardaoine 27mh An t-Ògmhios 2013**  
*\* Thèid an cursa a chur dheth mur am bi oileanaich gu leòr clàraichte \**

Individual Learning Accounts (ILA) bho Leasachadh Sgilean na h-Alba  
*Faodar Individual Learning Accounts bho Leasachadh Sgilean na h-Alba a chosg air cùrsaichean Chì Gàidhlig. Airson tuilleadh fiosrachaidh curiibh fios chun an ioldhneataic saor-an-asgaidh no thoiribh sùil air an làraich-lin.*

0808 100 1090      www.myworldofwork.co.uk/section/funding

**CLIÙ CLÌ**  
Faodaidh Cli Gàidhlig cuideachadh a thoirt do dhaoinne le cosgaisean direach anns na roinnean a leanas – taic do dhaoinne gun chothrom air taic-airgid ILA, càram-clionne, siubhal, àiteachan-furic agus cosgaisean a bharrachd co-cehangailte ri duilgheadas gluasaíd/ciorraim. Bidh na tagraicean ur do ionnsachadh na Gàidhlig no nan luchd-ionnsachaidh tuisleach a tha airson adhartas a dhèanamh nan ionnsachadh agus nan cleachdadh càin.

01463 - 226757      www.cli.org.uk

Ta Cli Gàidhlig a' gheidheadh na obrach dochlairean sam bith a chuir dheth ann an sùlheadachdhean nach gabb coscaidhead. Gheibh olrainneidh pris sùlin a' chàla/chàrsa air aon an sùlheadachdhean mar seo. Chan fhagh oileanach nach nochd aig clàrs/càrs a tha air a phàighdeidh ro-làimhe a-th-dholadh sam bith eile, ach a-mhain ma the Stòrlaig Chì Gàidhlig ga fhaisinn lomhaidi. Ta lethbhreac slán de phollaidh cur dheth 's a-th-dholaidh ri fhaostain ma chuirlear lantas thugann.



## Gaelic Courses University of Glasgow Summer 2013

**8 - 13 July**

- **Ulpan Level 1** (Course Code: 41983) **£100**  
6-day intensive daytime course (4 units per day)  
Delivered by trainee tutors under supervision

**29 July - 2 August & 5 - 9 August**

- **Ulpan Level 1** (Course Code: 41985) **£70**  
10-day intensive Gaelic course using a combination of both Ulpan & traditional teaching methods as well as cultural and language workshops to reinforce learning

**29 July - 2 August & 5 - 9 August**

- **Ulpan Level 2** (Course Code: 41987) **£70**  
10-day intensive Gaelic course using a combination of both Ulpan & traditional teaching methods as well as cultural and language workshops to reinforce learning

**• All courses will take place on the University campus**

Enrol via The Centre for Open Studies

- **Phone** 0141 330 1860/1853 (10am-4.30pm) Mon-Friday
- **In person** at St Andrew's Building, Eldon St (9.30am-4.45pm) Mon-Fri
- **Download** an application form from the website, complete and return by FREEPOST [www.gla.ac.uk/openstudies](http://www.gla.ac.uk/openstudies)

These courses are offered as part of a pilot community initiative by the UofG, and are a partnership between the University's Centre for Open Studies & Gaelic Initiative.


# An Comunn Gàidhealach



# GAELS LE CHÈILE

SATURDAY  
29th JUNE

COIS TINE / TAIGH CÈILIDH  
8pm / costs £7 (£4 conc.)



An evening of traditional Irish & Scottish Gaelic music & songs.

**SPECIAL GUEST: JOY DUNLOP**

Partick Bowling Club, 30 Fortrose Street, G11 5NS

**LANGUAGE SESSIONS**  
10am-12pm & 2pm-4pm, £2

2 taster sessions in Scottish Gaelic & Gaeilge (Irish)  
**An Lèanag, 22 Mansfield Street, Partick, G11 5QP**

Information & to book classes/tickets:  
0141 433 9495 cnag\_glaschu@hotmail.com



Conradh na Gaeilge



colmcille  
ÉIRINN'S ALBA  
AN ROINN GNÓTHAÍ EACHTRACHA AGUS TRÁDÁLA NA HÉIREAMH  
DEPARTMENT OF FOREIGN AFFAIRS AND TRADE OF IRELAND





## MADAINN CHOFAIDH COFFEE MORNING

Fàilte chridheil ron a h-uile duine a tha airson tighinn dha na madainnean neo-fhoirmeil seo. 'S e deagh chothrom a th' annta ur sgilean Gàidhlig a chur gu feum mus tòisich tachartas mòr na bliadhna anns an Dàmhair! Tha Cli glè thoilichte a bhith ag obair còmhla ri buidheann Ghàidhlig ionadail, **Sonas**, gus na madainnean seo a libhrigeadh.

A warm welcome to everyone who would like to attend these informal mornings. They are a great opportunity to practice your Gaelic skills before the year's big event starts in October! Cli are very happy to be working with a local Gaelic group, **Sonas**, to deliver these mornings.

13mh An t-Iuchar

3mh An Lùnastal

7mh An t-Sultain

10.00 - 12.00

Ionad Wynd,  
Pàislig

13th July

3rd August

7th September

10.00 - 12.00

Wynd Centre,  
Paisley

*Siuthadaibh, nach tig sibh ann airson cofaidh is còmhradh?  
Go on, why not come along for a coffee and a chat?*



01463 - 226841

[www.cli.org.uk](http://www.cli.org.uk)



# An Comunn Gàidhealach



## An Comunn Gàidhealach

### Oifis Steòrnabhaigh

Taigh a' Mhorair Leverhulme  
Ceàrnag Phearsabhal  
Steòrnabhagh  
Eilean Leòdhais  
HS1 2DD  
Fòn: 01851 703 487  
Post-d: [peigi@ancomunn.co.uk](mailto:peigi@ancomunn.co.uk)

### Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain  
40 Sràid Hunndaidh  
Inbhir Nis  
IV3 5HR  
Fòn: 01463 709 705.  
Post-d: [rena@ancomunn.co.uk](mailto:rena@ancomunn.co.uk)

## An Comunn Gàidhealach

### Stornoway Office

Leverhulme House  
Perceval Square  
Stornoway  
Isle of Lewis  
HS1 2DD  
Telephone: 01851 703 487  
Email: [peigi@ancomunn.co.uk](mailto:peigi@ancomunn.co.uk)

### Inverness Office

Balnain House  
40 Huntly Street  
Inverness  
IV3 5HR  
Telephone: 01463 709 705.  
Email: [rena@ancomunn.co.uk](mailto:rena@ancomunn.co.uk)

## Dè tha dol agaibh?

A bheil tachartasan no naidheachdan sam bith aig a' Chomataidh, Còisir no aig a' bhuidhean agaibh, a bhiodh sibh airson a chur dhan chuairt-litir seo?

Ma tha, cuiribh an fhiorsrachadh gu:  
[marina@ancomunn.co.uk](mailto:marina@ancomunn.co.uk)  
no cuiribh fòn air 01851 703 487.

## What's on?

Does your Committee, Choir or Group have any coming events or any news you may wish us to publish in this newsletter?

If so, please forward any information to:  
[marina@ancomunn.co.uk](mailto:marina@ancomunn.co.uk)  
or telephone 01851 703 487.

Tha cead aig a' Chomunn Gàidhealach càil sam bith a thèid a chur thuca airson a' chuairt-litir a dheasachadh ann an dòigh chothromach.

*An Comunn Gàidhealach reserve the right to edit any materials submitted for inclusion in the newsletter.*

**Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn!**

*If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch!*

*[marina@ancomunn.co.uk](mailto:marina@ancomunn.co.uk) 01851 703 487*